

Bòrd MG ALBA
Coinneamh shònraichte
30/1/26, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Lachlan Peel, Marion Nic na Ceàrdaich,
Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne, Catriona Mhoireach, Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill, Calum Steele.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Plana agus buidseat airson 2026-27

3.1 Bha dreach phlana agus buidseat air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

3.2 Feumaidh MG ALBA plana ionmhais agus obrachaidh a chur fa chomhair Ofcom, air no ro 31 Faoilleach gach bliadhna. Thèid ceistean a thogail le Ofcom ceistean ach chan eil iad a' toirt seachad no a' diùltadh aonta.

3.3 Bha aithne ann gu faodadh an Lèirsinn ùr, air a bheileas ag obair an-dràsta, buaidh a thoirt air planaichean obrachaidh airson na h-ama ri teachd, agus gur ann san ath phlana a bhiodh sin follaiseach.

3.4 Bha cuideachd aithne ann gu bheil Comataidh Thuarastal a' coinneachadh air 27/2/26 agus gu feum na molaidhean sin a bhith air an fhigh a-steach don phlana.

3.5 Chuir an Cathraiche fàilte air an àrdachadh maoineachadh a thàinig bho Riaghaltas na h-Alba agus gu lean obair ann a bhith a' faighinn an tuilleadh airgid bho thobraichean eile.

3.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh cheistean air diofair phuingean, bha buill riarachta.

- 3.7 **Gnìomh:** thèid an dreach Phlana a chur gu Ofcom ro 31/1/26, thèid cur ris sa Ghearran agus thig Plana deireannach fa chomhair a’ Bhùird sa Mhàrt. (DC)

4. Cùmhnantan phrògraman

Pasgain

- 4.1 Bha pàipear air beulaibh a’ Bhùird a bha a’ mìneachadh measadh a rinn oifigearan air cùmhnantan ioma-bhliadhnail phrògraman (no “pasgain”), le sùil air co-dhùnadh a ghabhail air an robhas gu bhith a’ toirt seachad sìneadh bliadhna a-bharrachd mar a bha ceadaichte anns na cùmhnantan fhèin.
- 4.2 Airson trì de na cùmhnantan pasgain a th’ ann an-dràsta chaidh cùmhnant de dà bhliadhna a thoirt seachad le roghainn airson sìneadh de aon bhliadhna ma thathas toilichte leis an adhartas gu ruige seo. Chaidh na cùmhnantan aontachadh ann an 2026, agus thig an dà bhliadhna gu crìch air 30 Ògmhios 2026, mura tèid an sìneadh. Feumar brath a thoirt, taobh seach taobh, air no ro 1 Gearran 2026.
- 4.3 Chaidh pròiseas sgrùdaidh a chumail a bha a’ coimhead ri na diofar eileamaidean de gach pasgan, agus bha am measadh sin fa chomhair nam ball.
- 4.4 Chaidh deasbad a chumail air nithean leithid mar a bha na prògraman a’ còrdadh ri luchd-amais; libhrigidhean fadalach agus fàilligidhean teicnigeach; gnothaichean a thaobh prògraman a thathas a’ ceannach; an ìre de Bheurla annta; agus èifeachdas phlanaichean leasachaidh airson tàlant cruthachail.
- 4.5 Bha aithne ann gun toir an Lèirsinn ùr buaidh air modail obrachaidh phrògraman.
- 4.6 **Co-dhùnadh:** chur am Bòrd taic ris an rùn na trì cùmhnantan a leudachadh airson bliadhna.
- 4.7 **Gnìomh:** thèid làn sgrùdadh a dhèanamh air a’ mhodail ann an 2026 agus thig clàr ama chun Bhùird ann an deagh àm. (MC)

An t-Eilean 2

- 4.8 Chaidh fiosrachadh a thoirt seachad air adhartas.
- 4.9 Chaidh innse gu bheil gach pìos maoineachaidh a-nis ann an àite dìreach sna dhà no trì làithean mu dheireadh agus gum bi coinneamh air 2/2/26 eadar luchd-lagha na companaidhean air fad gus an aonta a dhaingneachadh gu foirmeil.
- 4.10 Chaidh innse gun deach luach £900k a-steach gu eaconamaidh nan eilean ri linn a’ chiad sreath. Chaidh ceist a chur am biodh e comasach dèanamh cinnteach gun deigheadh an t-airgead seo gu ruige gnìomhachasan Gàidhlig, agus chaidh aithne a dhèanamh air dùbhlain a bha mu choinneimh sin.

- 4.11 Chaidh taing a bhuileachadh air an sgioba airson pròiseact cho mòr fhaighinn thairis air an loidhne.
- 4.12 **Gnìomh:** thig pàipear a' sireadh cead oifigeil a' Bhùird a chuirteachadh tro phròiseas sgrìobhte sna làithean air thoiseachd. (DMD)

5. Cairt a' BhBC – Pàipear Uaine

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh Pàipear Uaine air Cairt agus Maoineachadh a' BhBC airson 2028 air adhart fhoillseachadh san Dùbhlachd, le co-chomhairle fosgailte gu 10/3/26. Bha fàilte ro gu robh iomradh dha thoirt air MG ALBA sa Phàipear.
- 5.3 Chaidh innse gu bheil companaidh air fhastadh airson brosnachadh a dhèanamh air buidhnean agus air a' phoball gus freagairtean a chur gu DCMS.
- 5.4 Thathas ag obair leis a' BhBC gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine fiosraichte agus broснаichte gus freagairtean a chur a-staigh.
- 5.5 Dh'innis an Cathraiche mu nithean co-chonaltraidh a bha an-dràsta a' tachairt:
- bhathas an dùil coinneachadh ri Rùnaire na Stàite airson Alba ach gun deach a chuir dheth ach gu bheil deit eile a-nis san leabhar-là. Bidh na còmhraidhean seo a' cur fòcas air an eaconamaidh agus plana fàis seach air Cairt a' BhBC fhèin;
 - choinnich e fhèin, ball a' Bhùird agus oifigear ri Buill Pàrlamaid air 28/1/26. Bha iad uile taiceil agus bheir iad seachad taic ann a bhith a' cur ceistean a-steach gu DCMS;
 - thèid litrichean gu gach BPA ann an Westminster;
 - thèid an tuilleadh còmhraidh a chumail le Ministear na Stàite airson nam Meadhanan, Ian Moireach BP, a tha taiceil;
 - cumar leis an iomairt a bhith a' toirt nam pàrtaidhean poilitigeach còmhla.
- 5.6 Chaidh innse gun do choinnich oifigearan MG ALBA le oifigearan DCMS air 29/1/26 far an robh Ceannard Poileasaidh Maoineachaidh a' BhBC, agus far an do chuir MG ALBA fàilte air a' Phàipear Uaine agus fhuaireas comhairle bho DCMS mun phròiseas agus tairgse a bhith an làthair aig coinneamh *roundtable* le DCMS sa Mhàrt.
- 5.7 Chaidh molaidhean a dhèanamh mu na prìomhachasan aig MG ALBA agus an òrdugh anns an robh air a' nochdadh anns a' phàipear a bha air beulaibh bhall; am b' urrainn iomraidhean a bharrachd a thoirt air margaidheachd agus gum biodh maoineachadh ann airson sin a bha ceangailte ri ìre na h-atmhorachd; agus am b' urrainn sluagh-ghairm a' BhBC "For You" cuideachd a bhith sa Ghàidhlig.

- 5.8 Chaidh deasbad a chumail mu am bu chòir seasamh co-bhanntachd MG / BBC ALBA a dhèanamh oifigeil, le uallaichean sònraichte fon Chairt Rìoghail, gus ceadachadh gu bheil aire agus spèis iomchaidh ann do chraoladh Gàidhlig nach eil comasach an-dràsta ri linn dìth seasamh agus dìth inbhe.
- 5.9 **Gnìomh**: thèid dreach phàipear a chuairteachadh agus thèid seiseanan *drop in* a chur air dòigh airson buill gus beachdan a shireadh. (DC)

6. GISBE

- 6.1 Chaidh innse gu bheileas ag obair air tuairisgeul obrach ùr an àite dreuchd am Manaidsear Conaltraidh le fòcas air For-ruigheachd (outreach) agus Com-pàirteachas .
- 6.2 Chaidh innse gun deach Ferry & Silbury fhastadh gus taic a thoirt don iomairt airson Lèirsinn ùr a sgrìobhadh. Bidh iad ag obair bho stiùir LMA le buidheann beag de luchd-obrach agus bidh barrachd mun sin aig seisean an fheasgair.